2 AM BUCHEROO

6 CHÌ MI ‘N TÌR SAN ROBH MI NAM UNICORN

10 ISEAN

14 AN TOBAR

17 MO CHARAID, AN VAMPIRE

le Iain F MacLeòid

fèisean NAN GÀIDHEAL
FÈISGOIL
e-sgoil
Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot
Bòrd na Gàidhlig
HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL
The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd
Argyll & Bute COUNCIL

FÈIS E-SGOIL

AM BUCHEROO

le Iain F MacLeòid

fèisean nan Gàidheal
FÈISGOIL
e-sgoil
Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot
Bòrd na Gàidhlig
HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL
The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd
Argyll & Bute COUNCIL

Bha m’ athair uabhasach math le chuid làmhan, agus... uill... airson a chumail goirid... chruthaich e inneal a tha a’ siubhal tro thìm. ‘S e an “Tìm Machine” a bh’ aige air.

Chan eil thu gam chreids’, tha sin ok. Seallaidh mi dhut.

Can seo às mo dhèidh.

Anns an hurdle flurdle
thig an (am) bragity bangity
whoosh whoosh!
Dìth a’ phutain
Mach à seo!

Tìr nan Dìneasar! A bheil sibh ga mo chreids’ a-nis? Seall - triceratops! Seall - pterodactyl a’ sgèith. Seall air na biastan a’ danns’!

Danns’, danns’, danns’.

Ach carson a tha an t-inneal mìorbhaileach seo agam. Tha... airson breith air...

Am Bucheroo!

‘S e creutar iargalt a th’ anns a’ Bhucheroo. Bidh e a’ falbh le guthan aig balaich agus clann-nighinn bheaga. Bidh e gan cur ann an seann shileagain marmalade, agus bidh e gan cur suas àrd (gu h-àrd) air sgeilp, far nach cluinn duine beò iad a-rithist.

A bheil sinn dèidheil air a’ Bhucheroo? Chan eil. A bheil màthair a’ Bhucheroo dèidheil air? Tha! Ach sin agad màthraichean dhut.

Faodaidh am Bucheroo siubhal tro thìm cuideachd air a’ Bhucheroo Skidoo aige. Seo an t-òran aige.

Bucheroo!
Didgeridoo!
Kangaroo!
Kalamazu!

Uair sam bith a chluinneas tu sin, feumaidh tu càise fhaighinn bhon fridse agus fhàgail ann an àite far am faic am Bucheroo e. Nì Cheddar, Jarlsberg no fiù ‘s Edam a’ chùis. Tha am Bucheroo cho dèidheil ‘s a ghabhas air càise. An uair sin feumaidh tu falach gus a bheil e a’ falbh air a’ Bhucheroo Skidoo aige a-rithist.

Seall... seo e a’ tighinn. Feumaidh sinn uile falach!

Boom boom boom. Cho mòr ri Seòras am Fuamhaire, cho làidir ri trì Gruffalos, seo e a' tighinn. Nach seinn sinn còmhla.

Chan e duine snog
A th' anns a' Bhucheroo
Chan eil e cool
Ooh-oooh.

Bidh e a' siubhal tro thìm
A' lorg càise
Ach cha toil leis Brie
hi ri o-hu-go

Cho mòr ri taigh!
Cho làidir ri each!
Dè nì sinn leis
A' Bhucheroo - oh yeah.

Seo e a' tighinn...

Seo e a-nis. Ach... hmm... chan eil e cho mòr ri taigh. Chan eil e a' coimhead cho làidir ri trì Gruffalos. 'S mathaid gu bheil e a' feuchainn ris a' char a thoirt asainn.

Tha e a' tòiseachadh a' dannsa. Oh, abair dannsa snog. Oh, tha mi ag iarraidh dannsa mi fhìn.

Ach an uairsin, GLAC!

Sin mar a tha Am Bucheroo ag obair. Agus mus bi fios agad, tha e air falbh le do ghuth. Seo e a' seinn! Òran a' Bhucheroo!

One two. One two.

A bheil sibh ga mo chluinntinn? (arsa am Bucheroo).

One two.

He he he hi hi hi.
Chan eil duine anns an t-saoghal
cho cliobhair rium fhìn
A' siubhal tro thìm
Air an skidoo oh yeah
Is mise
Am Bucheroo!

Ach! Tha aon nighean ann nach eil Am Bucheroo air faicinn. Seo i. Rinn i na thuirt a h-athair, am fear a thog an Tìm Machine, agus tha plana aice. Dè am plana a tha sin, tha sibh a' faighneachd?

Thuirt mi, dè am plana a tha sin, tha sibh a' faighneachd!?

Fhad 's a tha am Bucheroo trang le chuid seinn agus dannsa, tha an nighean a' cur pìosan Stinky Bishop ('s e càise a tha sin), air an làr... a' feuchainn ris a' Bhucheroo chrosda, mheallta, eagalach a thàladh... a-staigh dhan Tìm Machine.

Sniff, sniff.

Dè tha sin? arsa am Bucheroo.

Chan e, cha ghabhadh a bhith, tha e ag ràdh. An e sin an càise as fheàrr san t-saoghal? An e sin ... Stinky Bishop?

Tha am Bucheroo a' tòiseachadh ag ithe, gun smuain air na tha mun cuairt air. Tha an aire aige gu tuir (gu tur) air an Stinky Bishop. Aig an aon àm, tha an nighean a' fosgladh nan cnogan marmalade gu lèir. Tha na guthan air ais aig a' chloinn!

An Tìm Machine! Aon cheum eile agus tha Am Bucheroo ann! Ach an uair sin... tha e a' stad ... tha rudeigin a' dol, tha e a' smaoineachadh. Tha e a' coimhead suas...

Agus an uairsin tha a' chlann a' dèanamh fuaim, fuaim àrd, fuaim cho àrd ri fuaim a chualas a-riamh!

Tha e a' call a chasan! Am meaban tha e ann!

Bam!

Anns an Tìm Machine, bun os cionn.

Tha an nighean a' ruith suas chun an Tìm Machine, a' dìtheadh putain no dhà agus ann am prioba na sùla, chan eil sgeul air.

Ach càite an deach Am Bucheroo? Tha ùine mhòr ann mus bi fios aig duine, ach aon latha, tha iad a' lorg dealbh de Thyrannosaurus Rex ann an seann uamh air an eilean... agus còmhla ris... Am Bucheroo a' dannsa.

A' danns', danns', danns'.

CHÌ MI ‘N TÌR SAN ROBH MI NAM UNICORN

le Iain F MacLeòid

Tha tòrr dhaoine a’ smaoineachadh gu bheil fios aca air a h-uile càil mu dheidhinn unicorns, no aon-adharcaich. Ach tha mi seo airson innse dhuibh nach eil fios aig duine beò air talamh tròcair uiread rium fhìn.

Is mise Myrtle Bog. Chan e ainm snog a th’ ann am ‘Bog’ mar sloinneadh, tha fios agam. Ach ‘s e Pete Bog a th’ air m’ athair, agus bha e airson gun dìoladh cuideigin air an sin. Agus an duine sin, sin mise.

Tha triùir bhràithrean agam a th’ air an ainmeachadh às dèidh Aonghas, mo sheanair. Am fear as sine, sin Aonghas III. An dà bhràthair eile agam, sin Aonghas II agus Aonghas Number 1. Cha mhòr nach e Aonghas a bh’ orm fhìn. An nighean ud Aonghas.

‘S e ‘”Ina Bog” a th’air mo mhàthair. In a bog. Carson nach do chum i an t-ainm aice, chan eil fios agam. ‘S e Eadailteach a th’ innte agus ‘s e ‘Giornata Felice’ a bh’ oirre mar shloinneadh. Tha sin a’ ciallachadh ‘Abair latha math!’ ann an Eadailtis.

Co-dhiù.

Sinne ‘Na Bogs’.

Tha companaidh aig m’ athair, companaidh plumaireachd. Bidh e a’ cur toilets ann an taighean dha daoine beartach. Aon uair, chuir e toileat òir a-staigh ann an taigh. Seo mar a tha e a’ sanasachd na companaidh.

“Pete Bog’s Bogs. Choose PBB - We’re the bog standard’.

Bha cuideachd seo aca sa Ghàidhlig.

“Na Taighean Beaga aig Pete Bog - buail do thòn fodhad.”

Aon latha bha mo mhàthair agus m’ athair ag argamaid.

“ Vetrine servizi, gabanetti servizi, sono stanco di servizi, giorno dopo giorno.”

“ ‘S e obair uabasach math a th’ ann am plumaireachd. Nach eil toilet òir againn fhìn?”

“ Un bagno d’oro! Voglio essere a Roma...”

“Ach, a-mach às mo chairt”.

Chaidh mise a-mach dhan choille air cùlaibh an taighe. Bha mi airson a bhith nam aonar airson treis, ged a bha tòrr gaoil agam air mo phàrantan,

uaireannan bha’ d a’ cur a’ chais orm. Sin agad pàrantan. ‘S e inbhich a th’ annta, agus mar sin, chan eil iad a’ tuigse na rudan a tha cudromach ann am beatha.

Bha na craobhan a’ coimhead cho snog air an fhionnairidh. Bha e fhathast blàth agus bha e socair, ciùin. Ach an uairsin chuala mi fuaim, snotaraich air cùlaibh craoibhe. Cuideigin a’ rànail. Chuir seo beagan feagal orm an toiseach, ach smaoinich mi, tha e coltach gu bheil an neach seo feumach air cuideachadh.

Air mo shocair, sheall mi air cùlaibh na craoibhe, agus a bheil fios agaibh dè bh’ ann? Aon-adhairceach! Bha na sùilean mòra, brèagha aice dearg bho rànail agus bha coltas oirre gun robh i air chall.

Thug mi ubhal a-mach às mo phòcaid, rinn mi beagan fuaim, agus chaidh mi far an robh i.

“A bheil thu ag iarraidh ubhal?” thuirt mi.

“Oh tha!” thuirt i. “Tha mi cho acrach. Dh’ith mi feur, ach ‘s toil leam ùbhlan. Nach eil barrachd air aon agad? Na gabh dragh, na gabh dragh. Fialaidh!”

“Dè tha gad fhàgail an seo?” dh’fhaighnich mi.

“Tha an soitheach-fànais agam briste. Tha mi a’ smaoineachadh gun do bhris an left phalange.”

“Dè tha sin?”

“Rud uabhasach cudromach!”

Smaoinich mi air m’ athair. Bha i air mo shàrachadh beagan, ach tha esan math le chuid làmhan. ‘S mathaid gum biodh fios aigesan mu dheidhinn left phalanges.” Thuirt mi seo ris an aon-adhairceach. Leum i suas.

“Oh bhiodh sin uabhasach mìorbhaileach fhèin. Ciamar a phàigheas mi thu?”

“Uill...”

“Dè mu dheidhinn òran beag?”

“Tha mi a’ creids’...”

“Agus innsidh mi dhut rudan mu dheidhinn aon-adharcaidh air nach eil fios aig duine eile. Thugainn airson spin.”

Agus nach do leum mi air a druim, agus sgèith sinn suas, àrd, agus i a’ seinn òran nan aon-adharcach.

Chì mi’ n tìr san robh mi nam unicorn
Cupa tì, slabaid teòclaid nam shealladh
Chì mi’ n tìr san robh mi nam unicorn.

Chaidh mi dhachaigh. Bha feagal orm gum biodh mo phàrantan feargach, agus cha robh fios agam ciamar a dh’ìnnsinn dha m’ athair mun aon-adharcach a bha a-nis a’ falach anns a’ gharaids’.

Ach cha robh iad feargach, agus an rud as fheàrr, bha m’ athair ga mo chreids’.

“Thugainn ma-thà, a dh’fhaicinn mar a chuireas sinn left phalange an aon-adharcaich seo ceart.”

Agus smaoinich mi, uaireannan tha inbhich ceart gu leòr cuideachd, agus fiù ‘s chum mi an làmh aige, ged a bha mise ro mhòr airson sin agus sinn a’ coimhead air soitheach-fànais mo charaid a’ dol suas, suas, a-mach à sealladh, rionnag bhrèagha, bhinn anns na speuran.

ISEAN

le Iain F MacLeòid

fèisean NAN GÀIDHEAL
FÈISGOIL
e-sgoil
Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot
Bòrd na Gàidhlig
HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL
The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd
Argyll & Bute COUNCIL

Nuair a bha mi òg, bha e comasach dhomh sgèith. Tha cuimhne glè mhath agam air.

Ach cha robh duine eile gam chreids', agus an rud as miosa, nuair a dh'innis mi dhaibh mun tàlant agam thòisich iad a' magadh orm.

Roimhe sin, agus mus do dhìochuimhnich mi mar dhèannainn e, bhithinn a' lorg chothroman a bhith a' dol a-mach nam aonar, agus a' sgèith timcheall air na creagan faisg air an taigh-sholais. Bhiodh uaireannan luchd-turais ann, ach bhithinn a' feitheamh gus am biodh iad a' coimhead rudeigin eile agus bhithinn an uair sin a' gabhail ceum dhan adhar, sìos leam, a' mhuir a' tighinn nas fhaisg is nas fhaisg, gus am bithinn a' sìneadh mo ghàirdeanan a-mach. Bhiodh a' ghaoth a' breith orm, agus bhithinn a' siubhal tro na h-uamhan aig bonn nan creagan agus a-mach an taobh eile le fruis, a' ghrian àrd anns an adhar, nam aonar a' sgèith.

Aon turas chaidh mi gu math àrd. Cha robh fios agam dè buileach cho àrd 's a b'urrainn dhomh a dhol, agus ciamar dìreach a bha seo comasach dhomh. Cha robh comas sgèith aig duine eile air an robh mi eòlach, mar sin chum mi agam fhìn e. Ann an dòigh, cha robh mi cinnteach dè am feum a dhèanadh e dhomh, nam biodh fios aig duine eile mu dheidhinn. Co-dhiù, chòrd e rium gu mòr, agus bha mi math air, luath cuideachd.

Bha aon charaid agam agus bha mi gu math faisg air innse dhi gu robh mi eadar-dhealaichte ach cha tuirt mi dùrd. Cha robh mi airson gun stadadh i a bhith mar charaid dhomh, cha robh mi airson 's gum biodh i a' smaoineachadh gun robh mi neònach.

Tha fhios gu robh tòrr dhaoine eile ann, a bha a' cumail sàmhach, le tàlantan no eile, dìreach air sgàth 's na bhiodh daoine eile a' smaoineachadh mun deidhinn. Ge bith dè an t-adhbhar a bh' ann, bha e ga mo dhèanamh mì-thoilichte. Chan eil e nàdarrach gun a bhith comasach bruidhinn ri duine air na rudan as cudromaiche nad bheatha. Tha e a' fuireachd leat, anns an stamag agad, air grunnd d' inntinn, dè ma chanas mi càil, 's gum faigh duine a-mach?

Co-dhiù, stad mi a' sgèith. Cha do choinnich mi duine eile a bha coltach rium, air an robh fios agam co-dhiù. Chuir mi air mo chùlaibh e, agus ged a bhithinn a' coiseachd shuas aig na creagan tric gu leòr, cha do dh'fheuch mi a-rithist. Às dèidh treis, bha mi a' smaoineachadh gur mathaid gur e aisling a bh' ann, agus nach robh e fìor. Gur e rud a bh' ann a bha dìreach nam cheann. Dh'fhàs mi beagan iomagaineach mu dheidhinn, dè nam feuchainn a-rithist e agus mura biodh an comas agam?

Thòisich mi a’ smaoineachadh nach robh leithid a chomas agam idir, agus nach robh a-riamh. Ach an uair sin, nam aislingean, bhithinn a’ sgèith àrd os cionn nan sgòthan a-rithist, agus bhithinn a’ dùsgadh leis an toileachas a’ sruthadh tro m’ fhuil, a’ cuimhneachadh air an fhaireachdainn sin.

Uaireannan, nuair a bhiodh burraidheachd a’ dol, bha mi a’ miannachadh gabhail greim air an duine agus sgèith suas àrd leotha airson feagal am beatha a chur orra. Ach chan e faireachdainn mhath a bha sin, a bhith a’ smaoineachadh air rudeigin dona a dhèanamh air cuideigin.

Aon latha chaidh mi fhìn, mo charaid Sorcha, agus a h-athair airson cuairt timcheall air an taigh-sholais. Bha mise aig a’ chàr a’ dèanamh deiseil, agus bha a h-athair (‘s e Dan a bh’ aig a h-uile duine air) aig oir na creige. Agus an uair sin cha robh. Ruith mi fhìn agus Sorcha a-null gu far an robh e air tuiteam. Bha an talamh air falbh gu tur, bha e follaiseach gu robh an talamh, beag air bheag, air a bhith air a lagachadh fon ghlasach far an robh e a’ seasamh. Chan fhaiceadh sinn dòigh eile sìos.

Laigh mi sìos air mo mhionach agus chaidh mi beag air bheag a-mach chun na h-oir. Chithinn fada gu h-ìosal, gun robh Dan air tuiteam agus nach robh e air na creagan a bhualadh, gun robh e a’ feuchainn ri snàmh. Ach cha robh dòigh aige faighinn a-mach bho far an robh e agus bha na suailichean làidir, ga bhruthadh sìos gach turas a bha suaile ann.

Bha Sorcha uabhasach troimh-a-chèile, cha robh fios agam fhìn dè dhèanadh sinn. Cha robh duine timcheall, agus cha robh ach mionaidean againn. Thionndaidh i thugam.

“An cuidich thu e?”

“Ach ciamar?” thuirt mi.

“Tha... tha fios agam... tha fios agam... gu bheil an comas agad... “ thuirt i.

“Dè?”

“Chunnaic mi thu, aon turas.”

Stad mi far an robh mi. Chunnaic cuideigin mi.

“Chan eil fios agam an urrainn dhomh a dhèanamh fhathast,” thuirt mi.

“Tha mi a’ tuigse mura bheil thu ag iarraidh feuchainn... tha e cunnartach... tha mi a’ tuigse...” Bha deòirean anns na sùilean. Cha robh sgeul air duine. Thug Sorcha am fòn aice a-mach airson am Poileas fhònadh, ach bha fios againn nach biodh duine ann, ann an ùine.

An uairsin thug mi ceum, agus ceum eile. Agus smaoinich mi, ma ‘s e seo mise, seo mise. Agus gabh mi ceum thairis air an oir.

Thuit mi, a’ dèanamh carabhuiltean an dèidh car a’ mhuiltein. Ach direach nuair a bha mi a’ smaoineachadh gun robh mi air dìochuimhneachadh, thachair rudeigin nam chorp, chuimhnich mo bhodhaig agus ghabh a’ ghaoth greim orm. Thòisich mi a’ sgèith.

Rinn mi cearcall timcheall air an stac. Nuair a ràinig mi far an robh Dan, cha mhòr gun robh e a’ cumail a cheann os cionn nan suailichean. Ghabh mi greim air agus thog mi e. Thog mi e gun trioblaid sam bith agus chaidh sinn suas, suas gus an robh sinn a’ seasamh air talamh a-rithist.

Ghabh mo charaid greim orm.

“Bha daonnan fios agam gun robh thu sònraichte,” thuirt i.

Agus airson a’ chiad turas, bha mi ga creids’.

AN TOBAR

le Iain F MacLeòid

Chunnaic mi gun robh cuideigin air faighinn chun an tobair againn. Chan e gum faiceadh tu gu robh an t-uisge air a dhol sìos, ach bha mi air diofar rudan a chur ann an àite –snàithlean a bhriseadh, an cupan ga chur ann an dòigh shònraichte . A' mhadainn seo, bha an cupan fliuch, agus chan e dealt a bh' ann. Bha cuideigin air a bhith ann.

Ach ciamar? Cha robh fios aig duine ach muinntir a' bhaile mun tobar. 'S e aon den fheadhainn nach do stad. Bha gu leòr eile sa bhaile a bha a-nis tioram ach bha gu leòr bùrn ann airson na feumalachdan againn uile – biadh, crodh, caoraich. Bha sinn ann an suidheachadh nas fheàrr na gu leòr dhaoine eile. Bha sinne beartach ann am bùrn agus seach gu robh sinn air eilean, bha e comasach sin a dhìon.

Bha sinn fortanach, bha fiù' s uisge ann fhathast aig amannan. Rinn sinn fiughair ri gach sgòth a chitheadh sinn. Ri gach spriotag uisge. Ach bha na coilltean air tìr-mòr fhathast air nan teine agus bha feagal oirnn uile gun stadadh an t-uisge aon latha, mar a stad uiread de rudan eile. Chitheadh sinn a h-uile latha, bàtaichean de gach seòrsa, a' dèanamh an cuid slighe gu tuath. Chan fhaigheadh iad fàilte mòran nas fheàrr anns na h-Eileannan Fàro no Innis-Tìle, bha mi an dùil.

Chaidh mi suas chun na h-àirighean, far am faicinn cearcall cruinn na mara mun cuairt orm. 'S e latha teth a bh' ann a-rithist. Cha robh ach beagan uairean a thìde ann mus tigeadh cuideigin airson m' àite a ghabhail, airson an tobar a dhìon. Nam biodh duine a' nochdadh, bha teine ann a bha agam ri lasadh, agus thigeadh daoine gam chuideachadh. Rinn mi sin aon turas, nuair a nochd dà bhàta air an tràigh fon t-seann eaglais. Bha iad air an t-slighe gu tuath, tha fhios, feumach air bùrn, ach dè b' urrainn dhuinn dèanamh? Cha robh gu leòr ann airson com-pàirteachadh.

Chunnaic mi, air fàire, creachadair ag èirigh bhon an nead aice agus a' dol às dèidh rudeigin. Agus an uairsin, gluasad luath anns an fhraoch, cuideigin a' falach. Sheas an neach agus thòisich e a' gluasad, a' ruith air falbh bhon isean air an t-slighe chun an tobair. Chaidh mi às a dhèidh.

Cha robh e a' gluasad cho math, bha coltas air an neach gun robh lot air choireigin air. Bha e no i beagan cuagach. Rinn mi cinnteach gun robh an sgian agam faisg. Ged nach robh mi airson duine eile a ghoirteachadh, chuirinn feagal orra. Bha na h-inbhich sa bhaile daonnan ag innse dhomh nach fhaodadh srainnsear òl bhon tobar, air adhbhar sam bith.

Ach nuair a thàinig mi far an robh an neach eile, cha robh mi airson bagart air. 'S e nighean a bh' innte, an aon aois rium fhìn. Bha i ann am pian.

“Cò às a tha thu?” dh’fhaighnich mi. Bhruidhinn i ann an cànan Lochlannach, a b’ urrainn dhomh bruidhinn gu ìre. ‘S ann à Innis Tìle a bha i. Chuir seo iongnadh mòr orm. Carson a bha i a’ siubhal gu Deas? Nach robh a h-uile duine a b’ urrainn greim fhaighinn air bàta air a dhol gu tuath? Nach robh cothrom ann an sin talamh fhaighinn agus bùrn ann am pailteas?

Thuirt i gun robh an deigh air leaghadh agus gun robh na beathaichean air an robh iad beò a-nis air bàsachadh. Gun robh srainnsearan a’ taomadh a-steach dhan tìr aice agus a’ sabaid airson na gheibheadh iad. Bha aice fhèin agus an teaghlach aice ri fàgail, an dòchas eilean beag a lorg dhaibh pèin air an robh tobar agus beagan fasgaidh, ‘s mathaid seann chleitean bho na manaich a bha aig aon àm air siubhal a’ chuain gus àite iomallach a lorg.

“Am faigh mi deoch?” thuirt i. Na lipean aice air an còmhdachadh le sàl bhon t-siubhal fhada aice. Bha truas agam dhi. Bha iad air a bhith beò air a’ bhiadh a bh’ aca, cha robh mòran èisg ri fhaighinn a-nis agus bha i air a tolladh.

“A bheil an teaghlach agad faisg?” dh’fhaighnich mi. Cha robh i airson càil a ràdh mu dheidhinn sin agus bha mi a’ tuigse carson. An nighean bhochd. Bha muinntir a’ bhaile agam ag ràdh daonnan cho cunnartach ‘s a bha na srainnsearan, ach cha robh mi a’ faireachdainn gun robh an nighean seo cunnartach.

“Am faigh mi deoch?”

B’ urrainn dhomh a cuideachadh. Cha bhiodh fios aig duine. Nach robh a h-uile duine airidh air mathanas? Gu h-àraidh às dèidh na bha air tachairt anns an t-saoghal againn.

Ach fhathast. Ach fhathast, bha riaghailtean ann. Chan fhaodadh srainnsear srucadh anns an tobar againn.

Chaidh mi a-null gu far an robh an teine a bh’ agam ri lasadh agus chuir mi ris e.

“Feumaidh tu falbh an-dràsta. Chan fhada gus an tig iad.”

Thionndaidh i air falbh bhuam. Chunnaic mi deòir anns na sùilean aice, agus thuit aon gu làr.

An t-aon fhluichad a bha an talamh sin air faighinn ann an iomadach mìos.

“Tha mi duilich gu bheil agam ri do ghoirteachadh,” thuirt i. Agus thug i a-mach sgian.

MO CHARAID, AN VAMPIRE

le Iain F MacLeòid

Seo sgeulachd mo dheidhinn mo charaid, an vampire. ‘S e Dòmhnall a tha air. Tha fios agam nach e ainm uabhasach math a th’ ann an Dòmhnall airson vampire. Ach sin dìreach e, cha robh e airson atharrachadh gu rudeigin nas iargalta. ‘S e vampire meadhanach snog a th’ ann an Dòmhnall, ged nach robh daoine a’ dèanamh mòran oidhirp leis.

Chan eil mòran charaidean agam oir chan eil mi cho math air bruidhinn ri daoine uaireannan. Bidh mi ag innse na fìrinn, agus tha coltach nach eile daoine cho dèidheil air sin. Chan eil mi math air ròlaistean, ach le mo charaid, an vampire. Tha esan a’ tuigse nuair a tha mi a’ feuchainn ri bhith èibhinn. Uaireannan tha daoine ag ràdh gu bheil rudeigin ceàrr orm, ach chan eil mise a’ smaoineachadh gu bheil. Chan eil mi dìreach cho math air tuigse nuair a tha duine ag ràdh rud agus a’ ciallachadh rudeigin eile.

Bhithinn glè thric a’ dol cuairt air a’ mhonadh nam aonar airson beagan fois a thoirt dhan cheann agam, agus ‘s ann an sin, aon latha, a choinnich mi e. Chaidh mi gu seann eaglais, a bha a-nis gun mhullach. Bha e a’ còrdadh rium a bhith nam shuidhe an sin, ann an sàmchair. Bha a’ mhuir faisg, agus air latha math, chithinn na h-eileanan air fàire.

Nuair a nochd mi an latha a bha seo, bha fear ann romham. Bha e àrd, le falt fada dorcha, agus rudeigin sean-fhasanta mu choltas.

“Nach tuirt duine riut a bhith a’ seachnadh na h-eaglaise an-diugh, idir?”

Chuimhnich mi gun robh cuideigin air sin a ràdh rium, ceart gu leòr, ach cha do steig e nam cheann oir bha mi a’ smaoineachadh air am Fermi Paradox aig an àm.

“Carson a tha thu ag iarraidh na h-eaglaise dhut fhèin? Nach eil e nas fheàrr ma tha daoine eile mun cuairt.”

“Oir tha tòrr pheacaidhean agam a tha feumach air mathanas,” thuirt e.

“Chan eil mise a’ creids’ ann an sin,” thuirt mi.

“Nach eil.”

“Tha mise a’ creids’ ann an saidheans,” thuirt mi.

“Cha bu chòir dhut a bhith a’ bruidhinn rium,” thuirt e. Smaoinich mi, tha daoine ann nach eil ag iarraidh bruidhinn riut, tha daoine ann nach fhaod bruidhinn riut, agus tha daoine ann mar mi fhìn, nach eil math air bruidhinn. Carson a dh’fheumas e a bhith cho duilich? Shuidh mi sìos.

“Uill, tha mise sgìth,” thuirt mi. “Faodaidh tusa falbh ma thogras tu.”

“Nach eil feagal ort?” dh’fhaighnich e.

Cò bhuaithe?” thuirt mi.

Shuidh e sìos. Thuirt e rium gun robh sin annasach. Cha robh e air coinneachadh mòran dhaoine eile coltach rium. Thòisich sinn a’ bruidhinn agus às dèidh treis glè bheag bha sinn a’ còmhradh ann an dòigh fhosgailte. Chòrd e rium a bhith a’ bruidhinn ris, cha robh e ag innse dhomh gun robh mi siud no seo. Bha e dìreach ag èisteachd rium. Dh’innis mi dhà mu na trioblaidean a bh’ agam. Bha burraidheachd anns an sgoil. Uaireannan bha mi a’ faireachdainn nach robh mo bheatha a’ còrdadh rium mar bu chòir, ‘s gun robh mi beagan glaiste far an robh mi.

Bho dheireadh thall, dh’ èirich mi agus chaidh mi dhachaigh. Cha robh duine a-staigh ach mo sheanair agus dh’fhaighnich e dhomh, càite an robh mi. Dh’innis mi dhà mun fhear a choinnich mi aig an t-seann eaglais. Chlisg mo sheanair. Dh’fhaighnich e diofar cheistean dhomh mun fhear, dh’innis mi dha mun t-seann aodach a bh’ air, agus a’ chainnt neònach, shean-fhasanta aige, agus an uairsin dh’innis mo sheanair dhomh sgeulachd an duine.

A’ chiad iomradh mun duine sa bhaile, ‘s ann ann an 1578 a bha e. Bha na Dòmhnallaich agus sliochd ‘IcLeòid a’ sabaid, agus bha na Dòmhnallaich air muinntir a’ bhaile a ghlasadh anns an eaglais. Fhuair aon nighean bheag a-mach às an eaglais, tro uinneag, agus ruith i aig peilear a beatha gus cuideachadh fhaighinn. Is e an duine seo a’ chiad duine a choinnich i air an rathad agus dh’innis i dha na bha a’ tachairt.

Chan fhaca duine na thachair às dèidh sin, ach tha e coltach, nuair a fhuair iad air fosgladh dorsan na h-eaglaise, gun robh na Dòmhnallaich uile air sgapadh. ‘S e an duine seo, Dòmhnall, a shàbhail iad. Ach chan e duine a bh’ ann, ach vampire.

Bhiodh e a’ tilleadh airson aon latha gach ceud bliadhna, air ais chun na h-eaglaise, a’ feuchainn ris a’ gheas a bh’ air, a bhriseadh, agus e ag iarraidh a bhith na dhuine a-rithist.

Cha robh fad’ air fhàgail den latha. Ruith mi air ais suas chun na h-eaglaise. Gu fortanach, bha an neach fhathast ann. Thuirt mi ris gu robh fios agam cò e agus an sgeulachd aige.

Fhreagair e mi.

“Seadh, agus dè tha thu ag iarraidh bhuam?”

“Tha mi ag iarraidh do chuideachadh,” thuirt mi.

An sin, stad an duine agus shuidh e sìos. “Bheil fios agad,” thuirt e, “nach tuirt duine sin rium a-riamh. Tapadh leat. Bha mi nam aonar, fad linntean. Tha thu air mo shaoradh.”

Agus mar gur e dealbh a bh’ ann, a’ dol a-mach à fòcas, chaidh an duine à sealladh, le osna beag, sàsaichte.

Bha e air falbh. Cha robh fios agam an ann airson ceud bliadhna eile, no an robh e air nàdar saorsa fhaighinn, mar a thuirt e, ‘s gum faodadh e a bhith aig fois a-nis. Ge bith na dè thachair, uaireannan bhithinn ga ionndrainn, ‘s cho math ‘s a bha e a bhith a’ còmhradh leis.

Às dèidh saor-làithean an t-samhraidh, cha robh mi a’ dèanamh sogain a bhith a’ dol air ais dhan sgoil. Air a’ chiad latha, chunnaic mi am burraidh as miosa. Ach cha tuirt e càil dona rium. ‘S ann a bha e snog rium. ‘S e an aon rud a bha diofraichte, gu robh am falt aige cho geal ris an t-sneachd, ‘s nach bruidhneadh e ri duine mun latha a choinnich e an vampire e fhèin. Ach bha fios agam gur e sin a bh’ ann.

Nach math caraid a bhith aig duine.